

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

Plana Gnìomh Bhòrd na Gàidhlig ga fhoillseachadh

**Faodar seo a chleachdadh bho 1000
Dimàirt Giblean 13, 2010**

Tha Bòrd na Gàidhlig, a' phrìomh bhuidheann leasachaidh poblach le uallach airson a bhith a' brosnachadh agus a' leasachadh na Gàidhlig, air Aithisg Gnìomha a chur chun Riaghaltais, a' mìneachadh am planaichean airson astar a chur anns an àireamh a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig agus ga cleachdadh, agus cuideachd dòighean nas èifeachdaiche air a bhith ag obair agus a' cleachdadh an cuid stòrais.

Tha am Plana Gnìomha a' mìneachadh ceumannan practaigeach agus deatamach airson àireamhan luchd-cleachdaidh na Gàidhlig fhàs air feadh Alba. Tha e ag amas air Taic do Phàrantan, Brosnachadh, Ionnsachadh do dh'Inbhich, Foghlam ro-sgoile agus sgoile, agus a' tairgse gnìomhan ro-innleachdail taobh staigh suimean ionmhais agus clàir-ama soilleir.

Anns an Ro-Ràdh aige sa Phlana Gnìomha, tha Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig Art MacCarmaig ag ràdh: “Tha am Plana Gnìomha seo ag aithneachadh gu bheil co-theacs mòran nas fharsainge ann a tha a' dealbh ar cuid breithneachaidh agus co-dhùnaidhean air Gàidhlig a thoirt do ar cuid chloinne, a bhith gam foghlam tron Ghàidhlig agus a bhith a' toirt barrachd cothroman do dh'inbhich a bhith ag ionnsachadh a' chànain. Chan eil aon fhreagairt fa-leth ann mu choinneamh nan dùbhlann a tha romhainn agus chan eil aon fhuasgladh ann air a' cheist ciamar as urrainn dhuinn tilleadh a thoirt air crìonadh na Gàidhlig? Bidh raon de ro-innleachdan a dhìth ann an dòigh structarail a choisinneas tèarainteachd na Gàidhlig dhuinn.”

Tha am Plana seo a' cumail taic ri, agus chan ann a' gabhail àite a' Phlana Nàiseanta 2007-12. Tha am Plana a' cur loidhne ùr air prìomhachasan ar stòrais agus ar gnìomhan le amas a bhith a' buinnig àrdachadh ann an àireamhan luchd-ionnsachaidh. Bidh am Plana mar dhrochaid eadar a' Phlana Nàiseanta a th'ann an dràsta agus an ath fhear. 'S e libhrigeadh a' Phlana Gnìomha seo a' phrìomh amas a tha gu bhith againn mar Bhòrd bho seo a-mach gu Màrt 2012.”

A' bruidhinn mu fhoillseachadh a' Phlana Gnìomh, thuirt e: “Tha mi mothachail gu bheil cuid de dh'fhileantaich an saoghal na Gàidhlig a tha a' faireachdainn nach eil iad nam pàirt de ghluasadan a tha dol an-dràsta agus bu mhath leam gun atharraicheadh sin. Tha mi airson

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



dòighean a lorg far am bi fileantaich agus luchd-ionnsachaidh a’ cuideachadh a chèile agus gum faigh luchd ionnsachaidh cothroman air deagh Ghàidhlig a chluinntinn, agus gu bheil na tha iad ag ionnsachadh ga neartachadh sa choimhearsnachd. Tha feum aig pàrantan air barrachd taic ach an toir iad an cuid Ghàidhlig dhan chloinn agus tha feum againn air ro-innleachdan nas èifeachdaiche a thaobh foghlam Gàidhlig aig a h-uile ìre agus bidh am Bòrd a’ co-obrachadh leis an Riaghaltas air sin. ‘S ann tro bhith ag obair le innleachdan mar seo a thèid againn air dèanamh cinnteach gum bi beairteas is doimhneachd air a’ Ghàidhlig a tha sinn airson a chur air adhart chun ath ghinealaich.”

Ann a bhith a’ cruthachadh fòcas às-ùr, bidh Bòrd na Gàidhlig a’ cur barrachd cudrom air modhan obrach a tha a’ cur ri bhith a’ togail na Gàidhlig, agus a-measg sin bidh amasan soilleir taobh staigh Phlanaichean Gàidhlig, agus gu h-àraidh an fheadhainn a bhoineas do bhuidhnean foghlaim. Feumaidh am Bòrd dearbhadh gu bheil a’ bhuannachd as motha a ghabhas faotainn air a bhuinnig tro libhrigeadh a’ Phlana Gnìomha seo. Bidh seo cuideachd a’ gabhail a-staigh measadh air an structaran a tha ag obair ann an saoghal leasachaidh na Gàidhlig an dràsta agus tachraidh sin anns na trì mìosan a tha romhainn. Bidh ionmhas air a ghealltainn a’ dol air adhart mu choinneamh chomasan a bhith a’ tighinn suas ri amasan agus rùintean a’ Bhùird.

Fiosrachadh do luchd-deasachaidh: Thèid am Plana Gnìomha fhoillseachadh madainn Dimàirt agus thèid a chur an làmhan buidhnean Gàidhlig an uairsin. Bidh leth-bhreacan an Gàidhlig is Beurla air làrach-lìn a’ Bhùird - gaidhlig.org.uk bho 1000 Dimàirt.

Anns an t-Samhradh 2009, dh’iarr Mìcheal Ruiseil BPA, a bha aig an àm na Mhinistir airson na Gàidhlig, air Bòrd na Gàidhlig Plana Gnìomha a dheasachadh a bhiodh ag amas air iomairtean a bhiodh sgiobalta agus cothromach, agus a’ gealltainn barrachd buannachd is èifeachdas às an stòras agus structaran a tha mu choinneamh na Gàidhlig.

Chaidh am Plana Gnìomha *“Ginealach Ùr na Gàidhlig”* a thoirt do Mhinistear a’ Chultair agus Gnòthaichean Taobh-Muigh Fiona Hyslop BPA anns an Dùbhlachd. Seo a-nis teachd-a-mach chòmhradh mun phlana le buidhnean Gàidhlig a’ riochdachadh na coimhearsnachd, agus buidhnean libhrigidh eile a tha mar tha an-sàs ann an leasachadh Gàidhlig. Thèid am Plana a dheasbad ann am Pàrlamaid na h-Alba Diardaoin seo tighinn.

GEÀRR-CHUNNTAS GNÌOMHA

Tha am Plana Gnìomha seo a’ moladh 5 Prìomh Raon Gnìomha le gnìomhan, builean agus Prìomh Chomharran Coileanaidh (KPI) sònraichte fa-leth air am mineachadh fog ach ceann.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



RAON GNÌOMHA 1: TAIC DO PHÀRANTAN

- An Sgeama Taic agus Tagradh Phàrant Nàiseanta ri leudachadh.
- Prògraman bogaidh rin leasachadh agus adhartachadh mar shlighe gu fileantachd obrachail do phàrantan, le comhairleachadh leantainneach bho fhileantaich.

RAON GNÌOMHA 2: ADHARTACHADH AIR TOGAIL CÀNAIN

- Toiseach iomairt nàiseanta gus Gàidhlig adhartachadh, a' cur gu feum nam buannachdan aithnichte eadar-nàiseanta co-cheangailte ri dà-chànanas agus brosnachadh togail cànan.
- Togail ìomhaigh na Gàidhlig thar gach roinn de ghnìomhachd Riaghaltas na h-Alba, a' gabhail a-steach aithrisean Ministrealach mar phrìomh phàirt dheatamach de lèirsinn an Riaghaltais.
- Tuilleadh leasachaidh air mygaelic.com mar an làrach fiosrachaidh agus lìonraidheach Gàidhlig, còmhla ri teicneòlasan ùra eile gus ionnsachadh na Gàidhlig adhartachadh.
- Iomairtean ionadail tro ghnìomhachdan maoinichte le Bòrd na Gàidhlig, a' faotainn taic agus cuideachadh bhon choimhearsnachd agus bho bhuidhnean Gàidhlig.

RAON GNÌOMHA 3: IONNSACHADH INBHICH

- Tuilleadh airgid-seilbhe a chur ri Ùlpan, am modal teagaisg Gàidhlig, gus dèanamh cinnteach gu bheil cùrsaichean air an làn leasachadh, nas ruigsinniche agus barantaichte.
- Dà thogalach gan sònrachadh mar Ionadan Ionnsachaidh Gàidhlig a' tairgsinn sàr-mhathas ann an cothroman togail Gàidhlig, agus Loidhne Fiosrachaidh do luchd-ionnsachaidh a tha san amharc.
- Leasachadh air goireasan ionnsachaidh ùr air-loidhne ann an co-bhonn ri BBC Alba agus MG Alba, a' brosnachadh BBC na h-Alba gus barrachd phrògraman ionnsachaidh Gàidhlig a thairgsinn do dh'inbhich.
- Toraidhean an Ath-bhreithneachaidh air Ionnsachadh Inbhich a rinneadh le Oilthigh Dhùn Eideann a mheasadh agus far a bheil e comasach agus ion-mhiannaichte, an toirt gu buil.

RAON GNÌOMHA 4: FOGHLAM 0-5 BLIADHNA

- Iomairt tràth-bhliadhnaichean ùr ioma-chuimseach bho Bhòrd na Gàidhlig, gus gach taobh de ionnsachadh Gàidhlig dha aois 0-5 bliadhna a cho-òrdanachadh, a chuideachadh agus a leasachadh, ag obair ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan ionadail gus solar 3-5 a liubhairt agus ann an dlùth chom-pàirteachas leis an Sgeama Comhairleachaidh Phàrant ann an Raon Gnìomha 1.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



- Buileachadh air tuilleadh mholaidhean bho Rannsachadh nan Tràth-Bhliadhnaichean, mar a bhios iomchaidh.

RAON GNÌOMHA 5: FOGHLAM AOIS 5-18

- Sgeama nan Tabhartasan Sònraichte airson Foghlam Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba a thoirt nas dlùithe ri molaidhean a' Phlana Gnìomha seo ach an dearbhar leantainneachd taice do dh'ùghdarrasan ionadail a tha a' solarachadh Foghlam Tron Ghàidhlig (FTG).
- Ann an com-pàirteachas le Riaghaltas na h-Alba, ag obair còmhla ri ùghdarrasan ionadail gus an àireamh de dh'aonadan Foghlaim Tron Ghàidhlig agus sgoiltean Gàidhlig ainmichte a mheudachadh.
- Ro-Innleachd Trusaidh Luchd-teagaisg a thoirt gu buil, a' gabhail a-steach brosnachadh luchd-teagaisg ùr gu teagasg ann an raointean sònraichte agus a' brosnachadh luchd-teagaisg làithreach gu gluasad gu teagasg tron Ghàidhlig.
- Tòiseachadh air sreath de dh'iomairtean sgoile samhraidh Gàidhlig do dheugairean.
- Leasachadh air com-pàirteachasan taiceil le ùghdarrasan ionadail gus èifeachdas air liubhairt FTG a leudachadh agus a chur am feabhas, a leasachadh nas motha agus FTG a chur air adhart do phàrantan.
- Liubhairt air Gàidhlig sna Bun-sgoiltean (GLPS) gu bhith air a leudachadh ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean, ag obair ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan ionadail.

Airson barrachd fiosrachaidh mun naidheachd seo, cuiribh fios gu Uisdean MacIllInnein air 0751 528 7040 no Shona Sloan air 0750 009 9394.

Foillsichte: Dimàirt: Giblean 13, 2010

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Bòrd na Gàidhlig publishes Action Plan for Gaelic

For use after 1000, Tuesday, April 13, 2010

Bòrd na Gàidhlig, the principal public body promoting and developing Gaelic, will today (Tuesday, April 13) publish “Ginealach Ùr na Gàidhlig” - an Action Plan to increase the numbers of Gaelic speakers. The Plan has been prepared for Scottish Ministers detailing proposals to accelerate the numbers of people learning and using Gaelic and also ensure the most effective use of existing resources and structures.

The Action Plan sets out practical and urgent steps to increase the number of Gaelic speakers in Scotland. It focuses on key areas of Parental Support, Promotion, Adult Learning, Pre-school and School Education, offering strategic actions within affordable financial parameters and clear timeframes.

In his foreword to the Plan, Cathraiche (Chair) Arthur Cormack states: “The Action Plan recognises that decisions to transmit Gaelic to children, to educate them in the language, and to enable more adults to acquire the language, are shaped by a broader context. There is no single answer to the challenges faced and no one solution that can save a language in decline. A range of strategies will be adopted in a structured manner to secure the future of Gaelic.

This Plan supports, and does not seek to replace, the *National Plan for Gaelic 2007-12*. The Action Plan reprioritises resources and actions with the aim of achieving an incremental increase in language learning and will act as a bridge between the current National Plan and the next one. Delivering it will be Bòrd na Gàidhlig’s priority from now until March 2012.”

Commenting on the Plan’s launch, he said: “I am aware that many fluent Gaelic speakers feel as if they are not part of current Gaelic developments, and I want that to change. I want us to find ways to involve current Gaelic speakers with new Gaelic learners to ensure that those learners get exposure to the best possible Gaelic and to ensure that what they learn in classes can be reinforced in the community. Parents also need better levels of support to enable them to pass on Gaelic to their children and we need a more strategic approach to Gaelic education at all levels which Bòrd na Gàidhlig and the Scottish Government will work on jointly. Only with initiatives like these will we ensure that there is a richness and depth to the Gaelic that is being passed on to the next generation.”

In refocusing its efforts, the Bòrd will be placing greater emphasis on acquisition initiatives, including the setting of targets in Gaelic Language Plans, especially those of education

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



authorities. The Bòrd must ensure that the delivery of this Plan is achieved with the maximum benefit to Gaelic. This will involve looking closely at the current mechanisms that exist to deliver Gaelic development during the first three months of the 2010-11 financial year, with future funding being allocated on demonstrable ability to deliver the Bòrd's objectives.

Ends

Notes to Editors: The Action Plan will be forwarded to Gaelic organisations and published on the Bòrd na Gàidhlig website (gaidhlig.org.uk) today.

In the summer of 2009, then Minister for Gaelic, Michael Russell MSP, asked Bòrd na Gàidhlig to draw up an Action Plan which would focus on rapid and realistic initiatives ensuring wise, and more effective, use of existing resources and structures.

The Action Plan "Ginealach Ùr na Gàidhlig" was submitted to the Minister for Culture and External Affairs, Fiona Hyslop MSP, in December and is the outcome of discussions between the Bòrd and Gaelic organisations representing the community, and delivery agents already involved in key areas of Gaelic development. It will be debated in the Scottish Parliament this Thursday afternoon.

Executive Summary of Ginealach Ùr na Gàidhlig

The Action Plan proposes 5 Priority Action Areas:

ACTION AREA 1: SUPPORT FOR PARENTS

- National Parental Advocacy and Support Scheme to be expanded
- Development and promotion of immersion programmes as a route to functional fluency for parents, with ongoing mentoring from fluent speakers

ACTION AREA 2: PROMOTION OF GAELIC ACQUISITION

- Initiation of a national campaign to promote Gaelic, utilising the internationally recognised benefits of bilingualism and encouraging acquisition
- Raise profile of Gaelic across all sectors of Scottish Government activity including Ministerial announcements as an essential core part of the Government's vision
- Further develop mygaelic.com as the Gaelic information portal and networking, along with other new technologies to promote Gaelic learning
- Localised campaigns through Bòrd-funded activities, getting community and Gaelic organisations' support and engagement

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



ACTION AREA 3: ADULT LEARNING

- Additional investment in Ùlpan model of teaching Gaelic to ensure courses are fully developed, more accessible and certificated
- Designate two establishments as Gaelic Learning Centres offering excellence in Gaelic acquisition opportunities and an Information Line for prospective learners
- Develop learners' website support mechanisms jointly with BBC Alba and MG Alba and encourage BBC Scotland to offer more Gaelic learning programming for adults
- Assess and, where possible and desirable, implement the findings of the Adult Learning Review carried out by Edinburgh University

ACTION AREA 4: 0-5 YEARS EDUCATION

- A new, comprehensive Bòrd na Gàidhlig early years initiative to coordinate, support and develop all aspects of Gaelic learning for 0-5 years, working in partnership with local authorities to deliver 3-5 provision and in close partnership with the Parental Advisory Scheme in Action Area 1
- Implement further recommendations of the Early Years Research, as appropriate

ACTION AREA 5: 5-18 YEARS EDUCATION

- Closer alignment of the Scottish Government's Scheme of Specific Grants for Gaelic Education to the recommendations of this plan to ensure continuity of support for local authorities providing Gaelic medium Education
- In partnership with the Scottish Government, work with local authorities to increase number of GM units and standalone Gaelic schools
- Implement the Teacher Recruitment Strategy including the incentivisation of new teachers to teach in certain areas and incentivise currently qualified teachers to move into Gaelic teaching
- Initiate a series of Gaelic summer school-type initiatives for teenagers
- Develop supportive partnerships with local authorities to expand and improve effectiveness of GME delivery, develop it further and promote GME to parents
- Delivery of Gaelic Language in Primary Schools (GLPS) in primary and Gaelic in secondary schools to be increased, working in partnership with local authorities

For further information on the contents of this news release, please contact Hugh Dan MacLennan on 0751 528 7040 or Shona Sloan on 0750 009 9394.

Issued: Tuesday, April 13, 2010